

# Plana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 2014 - 2018

Plana Gàidhlig fo Earrainnean 3 is 7 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005  
Aontaichte le Bòrd na Gàidhlig air 2 Giblean 2014



**Nì sinn le chèile gach nì a tha nar  
comas**



## Clàr-innse

1	Ro-Ràdh.....	3
2	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.....	4
3	Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.....	5
3.2	Cleachdadh na Gàidhlig agus Ùidh sa Chànan .....	5
3.3	Dàta Cunntas-sluaigh 2001 .....	5
3.4	Obraichean Gàidhlig .....	5
3.5	Gàidhlig nar Sgoiltean .....	6
3.6	Ionad Chalum Chille Ìle .....	6
4	Poileasaidh Gàidhlig .....	7
4.1	Farsaingeachd .....	7
4.2	Adhbhar a’ Phoileasaidh .....	7
4.3	An Suidheachadh Nàiseanta .....	8
5	Earra-Ghàidheal is Bòd.....	9
6	Raointean .....	10
6.1	Gàidhlig san Dachaigh.....	10
6.2	Gàidhlig sa Choimhearsnachd.....	10
6.3	Gàidhlig ann am Foghlam .....	10
6.4	Gàidhlig san Àite-Obrach .....	10
6.5	Gàidhlig Agus Na H-Ealain, Dualchas, Na Meadhanan Agus Turasachd .....	11
6.6	Gàidhlig an Lùib Leasachaidhean Eaconamach.....	11
6.7	Corpas a’ Chànain .....	11
7	Cur An Gníomh A’ Phlana.....	11
8	Ath-Sgrùdadh Is Cumail Sùil Air A’ Phlana .....	13
9	Sanasachd air a’ Phlana .....	13
10	Uallaichean airson a’ Phlana .....	13
11	Am Plana Gníomh .....	14

## 1 Ro-Ràdh

- 1.1 Tha a' Chomhairle againn lèirsinneach agus tha àrd-amasan againn; bidh sinn daonnan a' leasachadh an dàimh a th' againn ri ar luchd-compàirt, ar luchd-cleachdaidh agus ar luchd-obrach feuch an toir sinn seachad na seirbheisean ceart, leis na daoine as freagarraiche, san dòigh cheart.
- 1.2 'S e ar lèirsinn 'Gun Dèan sinn le Chèile gach Nì a tha nar Comas' agus mar bhunait do sin tha e na amas dhuinn:
  - a) Gun èist sinn ri ar luchd-cleachdaidh is coimhearsnachdan is gum faigh iad cothrom air com-pàirt còmhla rinn
  - b) Gum bi e na adhbhar moit dhuinn gu bheil sinn a' toirt seachad sheirbheisean luachmhor
  - c) Gu bheil sinn fosgailte, onarach, cothromach agus com-pàirteach
  - d) Gun seall sinn spèis do is gun cuir sinn sùim sa h-uile duine
- 1.3 Tha sinn a' gabhail ris an àite a th' air a bhith aig Gàidhlig ann an eachdraidh Earra-Ghàidheal is Bhòid agus tha sinn a' cumail oirnn a' cur air adhart a' chànan agus a cultar nar coimhearsnachdan.
- 1.4 Tha e na amas dhuinn gun seallar an aon spèis don Ghàidhlig agus a thathar a' sealltainn don Bheurla agus cumaidh sinn oirnn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig gu gnìomhach don mhòr-shluagh ann an sgìre an ùghdarrais.
- 1.5 Tha sinn pròiseil às mar tha sinne air aon de na h-ùghdarrasan ionadail far am bithear a' cumail a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail gu cunbhalach. Chaidh a' chiad Mhòd Nàiseanta a chumail san Òban ann an 1892 agus tha e a-nis na fhèis mhòr a bhios ga cumail gach bliadhna agus a thàlaidheas luchd-tadhail bho air feadh Alba agus bho thall thairis. Tha ar coimhearsnachdan gu math toilichte leis na buannachdan eaconamach a thig bho bhith cumail tachartas mòr, iomraiteach mar seo ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus tha e a' cur an cuimhne dhaoine an ceangal làidir a th' aig Earra-Ghàidheal is Bòd ri cànan, cultar agus eachdraidh nan Gàidheal.
- 1.6 Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha Gàidhlig sna coimhearsnachdan againn far a bheil i ga cleachdadh fhathast.
- 1.7 Tha am Plana Gàidhlig seo a' mìneachadh mar a tha a' Chomhairle, ann an co-bhuinn ri buidhnean eile, a' dol a fhrithéaladh air feumalachdan ar coimhearsnachdan, ar buidhnean agus daoine fa leth do bheil Gàidhlig na pàirt cudromach dem beatha làitheil.

**An Comhairliche Dick Walsh**  
**Ceannard na Comhairle**

**Sally Loudon**  
**Àrd-oifigear**

## 2 Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

- 2.1 Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air aon de 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Tha uallach oirre airson grunn sheirbheisean, nam measg tha foghlam, obair shòisealta, rian air sgudal, cumail suas rathaidean poblach (ach prìomh rathaidean), rian air planadh is togail, taigheadas ro-innleachdail, slàinte san àrainneachd, cur-seachadan is cultar, agus planadh èiginneach.
- 2.2 Chaidh a' Chomhairle a stèidheachadh air 1 Giblean 1996 le ath-stèidheachadh riaghaltas ionadail na h-Alba. Le bhith ga stèidheachadh, chaidh seann Chomhairle Sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid, pàirt de sheann Chomhairle Sgìre Dhùn Bhreatainn, seann Earra-Ghàidheal agus pàirt de na fo-roinnean ann an Roinn Srath Chluaidh a bhuineadh do Dhùn Bhreatainn a chur còmhla.
- 2.3 An-diugh, a thaobh farsaingeachd tìre, 's e Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid an dàrna tè as motha de na 32 Comhairlean ann an Alba, ach a thaobh sluaigh 's i an 22mh as motha. B' e an sluaigh a chaidh a thomhas ann an Cunntas-sluaigh 2011 88166<sup>1</sup>. Tha Earra-Ghàidheal is Bòd a' còmhach 10% de thìr na h-Alba, ach chan eil ach 2% de shluagh na dùthcha a' fuireach ann.
- 2.4 Bhon Apainn aig tuath, gu Ceann Loch aig deas, tha Earra-Ghàidheal is Bòd a' sìneadh còrr is 100 mìle agus bho Thiriodh san Iar gu Baile Eilidh san Ear, tha i 80 mìle tarsainn. Tha daoine a' fuireach air 23 de na h-eileanan ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus tha 17.1% de na daoine a tha a' fuireach san sgìre a' fuireach air eilean<sup>2</sup>. Tha eileanan a' gabhail a-steach trian de dh'fharsaingeachd na roinne.
- 2.5 Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air a stiùireadh le 4 roinnean: An t-Àrd-oifigear, Seirbheisean Coimhearsnachd, Seirbheisean Luchd-cleachdaidh, Leasachadh is Bun-structar.
- 2.6 Tha ceithir sgìrean riaghlaidh aig a' Chomhairle: Meadhan Earra-Ghàidheal, Cinn Tìre is na h-Eileanan, An t-Òban, Latharna is na h-Eileanan, Bòd is Comhghall, Baile Eilidh is Laomainn.
- 2.7 'S iad rianan stiùiridh poilitigeach na Comhairle:
  - a) Làn Chomhairle le 36 buill air an taghadh airson 11 uàrdan le iomadh ball
  - b) Comataidhean Sgìreil airson nan 4 sgìrean riaghlaidh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd
- 2.8 Ann an eachdraidh bha Earra-Ghàidheal aig teis-meadhan saoghal nan Gàidheal. Tha an ath earrainn ag innse barrachd mu mar a thathar a' cleachdadh Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus mun ùidh a th' aig daoine sa chànan.

---

<sup>1</sup> Figear bho thuairmsean sluaigh a thàinig bho Chunntas-sluaigh 2011

<sup>2</sup> Figear bho thuairmsean sluaigh a thàinig bho Chunntas-sluaigh 2011

### **3 Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd**

3.1 Thathar air a bhith bruidhinn Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal bhon 5mh linn no mar sin, nuair a thàinig i a dh'Alba an toiseach. B' i ciad chànan rìoghachd Dhál Riata bhon àm a thàinig Gàidheil à Èirinn an seo mar na ciad Albannaich agus bhiodh na rìghrean aca air an unghadh air Dùn Athad suas chun na 9mh linn. Bha an rìoghachd glè chudromach do mar a sgaoil Crìosdaidheachd ann an Ceann a Tuath Bhreatainn às dèidh do Chalum Cille Manachainn Eilean Idhe a stèidheachadh ann an 563 AD. Air feadh ar n-eachdraidh tha an cànan air a bhith gu math cudromach do chultar na h-Alba agus na leasachaidhean a thàinig air a' chultar sin.

#### **3.2 Cleachdadh na Gàidhlig agus Ùidh sa Chànan**

Tha am fiosrachadh gu h-ìosal a' sealltainn mar a tha an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig air crìonadh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd eadar an cunntas-sluaigh a rinneadh ann an 1991 agus cunntas-sluaigh 2001. Air cùl seo dh'fhaodadh gun tàinig daoine gun Ghàidhlig a-steach don sgìre agus sin a' toirt buaidh air na h-àireamhan às a' cheud, agus gun robh an àireamh de dhaoine nas sine leis a' chànan a' sìoladh às.

#### **3.3 Dàta Cunntas-sluaigh 2001**

3.3.1 Chaidh am fiosrachadh a leanas a thogail bho Chunntas-sluaigh 2001 san deach ceithir ceistean fhaighneachd do dhaoine ann an Alba mun Ghàidhlig - am b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.

3.3.2 Ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, mar a thachair ann an Alba san fharsaingeachd, thuit an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig eadar 2001 is 2011. Thuit an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd còrr agus 15% san ùine sin.

3.3.3 Am measg nan daoine a bha 3 is nas sine, bha comas air choreigin aig cha mhòr 6% sa Ghàidhlig ann an 2011. A-mach às na daoine sin, bha 4.3% ann a thuirt gum b' urrainn dhaibh an cànan a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.

#### **3.4 Obraichean Gàidhlig**

3.4.1 Tha dreuchdan againn an-dràsta aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid far a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd. Tha a' mhòr-chuid de na h-obraichean sin san t-seirbheis Foghlaim, gu h-àraidh sna sgoiltean. Am measg nan dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach tha Obraichean Cùram Chloinne is Foghlaim, Luchd-taice Gàidhlig, Tidsearan Gàidhlig, Prìomh Thidsearan Gàidhlig, Tidsearan Gàidhlig Àrd-sgoile, agus Luchd-taice Foghlaim - Gàidhlig. Am measg nan dreuchdan far a bheil Gàidhlig na buannachd tha Ceannardan Bhun-sgoiltean le Foghlam Gàidhlig, Prìomh

Thidsearan Roinn Chànanan ann an Àrd-sgoiltean agus Ceannardan Àrd-sgoiltean. Cuideachd, tha luchd-obrach airson clann nas òige na còig anns na h-Aonadan Gàidhlig airson clann aig an aois sin.

- 3.4.2 Dh'fhosgail a' Chomhairle 'Furan', Ionad Gàidhlig an Òbain, o chionn ghoirid. Tha Rianaire aig an ionad a tha fileanta sa Ghàidhlig.

### 3.5 Gàidhlig nar Sgoiltean

- 3.5.1 An-dràsta, tha sia bun-sgoiltean (Bogha Mòr, Achadh na Creige, An Sàilean, Taigh a' Chladaich, Srath na h-Apainn agus Tiriodh) aig an ùghdarras ionadail a bheir cothrom do chloinn foghlam tron Ghàidhlig a dhèanamh. Stèidhichte air na h-àireamhan ris a bheilear an dùil airson clann-sgoile ann an 2013/14, tha àireamh nan sgoilearan Gàidhlig sna sgoiltean seo air a dhol am meud 16% bho 2011/12. Tha àireamh nan sgoilearan Gàidhlig sna sgoiltean a tha tabhann foghlam tron Ghàidhlig mar a leanas:

Ainm na sgoile le Foghlam tron Ghàidhlig	Àireamh sgoilearan
Bogha Mòr	21
Achadh na Creige	40
An Sàilean	36
Taigh a' Chladaich	38
Srath na h-Apainn	4
Tiriodh	22
<b>Iomlan</b>	<b>161</b>

- 3.5.2 Tha còrr is 45 de na bun-sgoiltean againn a' tabhann Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil.
- 3.5.3 An-dràsta, tha còig àrd-sgoiltean a tha a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich) gu Sàr Àrd-ìre - Sgoil Gràmair Dhùn Omhain, Àrd-sgoil Ìle, Àrd-sgoil an Òbain, Àrd-sgoil Thobar Mhoire agus Àrd-sgoil Thiriodh.

### 3.6 Ionad Chaluum Chille Ìle

Tha Ionad Chaluum Chille Ìle ag obair ann an Ìle ann an compàirt ri Sabhal Mòr Ostaig, a' cholaiste Ghàidhlig san Eilean Sgitheanach. Bidh an t-ionad a' tabhann chlasaichean, chùrsaichean agus ghnìomhachdan Gàidhlig agus a' cur air adhart cultar a' chànanain ann an Ìle, agus o chionn ghoirid, tha iad air tòiseachadh ag obair ann am pàirtean eile de dh'Earra-Ghàidheal.

## 4 Poileasaidh Gàidhlig

### 4.1 Farsaingeachd

Tha am plana seo a' buntainn ri gach neach-obrach is comhairliche aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. 'S e prìomh cheann-uidhe a' phlana àrainneachd obrach a chruthachadh far a bheilear a' cur sùim ann agus a' cur air adhart Gàidhlig agus a cultar an dà chuid taobh a-staigh na Comhairle agus a-muigh sna coimhearsnachdan.

### 4.2 Adhbhar a' Phoileasaidh

- a) Tha e mar phoileasaidh aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid an uiread de sheirbheisean is goireasan Gàidhlig a tha gan tabhann do luchd-cleachdaidh a leudachadh.
- b) Cuideachd cuiridh sinn am prionnsapal an sàs, a tha sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig, gum bu chòir an aon spèis a shealltainn don Ghàidhlig agus a thathar a' toirt don Bheurla, air feadh ar seirbheisean uile.
- c) Tha e na amas dhuinn foghlam Gàidhlig, agus gnìomhachdan cànain is cultarach a chur air adhart agus gum bi fàs ann tro bhith cumail oirnn a' tarraing aire dhaoine thuca agus tro bhith toirt cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do ar luchd-obrach is coimhearsnachdan.
- d) Tha am Plana seo a' togail air an obair a rinn a' Chomhairle ann a bhith cur an sàs a' chiad Phlana Gàidhlig againn, agus sinn a' cur air adhart Foghlam Gàidhlig, agus a' toirt iomradh sònraichte air na buannachdan a thig bho fhoghlam dà-chànanach.
- e) Tha e na amas dhuinn an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid a mheudachadh, na cothroman a th' ann Gàidhlig a chleachdadh sa choimhearsnachd, san dachaigh agus san àite-obrach a chur am meud; dà-chànanas san dachaigh agus nar n-ionadan foghlaim a chur air adhart, a' bhuaidh eaconamach as fheàrr fhaighinn bho ghnìomhachdan Gàidhlig san sgìre agus inbhe agus follaiseachd na Gàidhlig an Earra-Ghàidheal is Bòd a leasachadh.
- f) Thèid suaicheantas dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla), a' nochdadh spèis cho-ionann don dà chànan, a chruthachadh agus a ghabhail òs làimh, a' chiad chothrom a gheibhear gus ìomhaigheachd ùr a chur an sàs.
- g) Cuidichidh sinn le bhith cruthachadh planaichean-obrach sgèireil a tha gu h-àraidh ag amas air sgoiltean Gàidhlig, còmhla ri pàrantan, iomairtean agus buidhnean Gàidhlig, agus iad stèidhichte air na prìomh earrainnean bhon Phlana Nàiseanta.
- h) Nì sinn cinnteach gum bi na nì sinn a thaobh a bhith cruthachadh, ag ath-nuadhachadh agus a' cumail sùil air poileasaidhean a rèir molaidhean a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

### 4.3 An Suidheachadh Nàiseanta

4.3.1 Fo Earrainn 2 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 feumaidh Bòrd na Gàidhlig “Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus a chur a-steach”, agus tionndaidhean ùra dheth sin ullachadh “taobh a-staigh 5 bliadhna bhon a chaidh am plana as ùire fhoillseachadh”.

4.3.2 Tha am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012 – 2017 a’ cur an cèill nam prìomh amasan is gnìomhan fo raointean sònraichte – An Dachaigh; Foghlam is Ionnsachadh; A’ Choimhearsnachd; An t-Àite-obrach; Na h-Ealain, na Meadhanan, Dualchas agus Turasachd. Gus na gnìomhan seo a chur an sàs gu soirbheachail, feumar com-pàirteachas nàiseanta a chruthachadh eadar Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, ùghdarrasan ionadail agus iomadh buidheann phoblach, saor-thoileach is priobhaideach eile. Nì seo cinnteach gun cuirear modhan-obrach cunbhalach an sàs ann a bhith gleidheadh cor seasmhach don chànan.

4.3.3 'S e prìomh thargaid a’ Phlana Nàiseanta gun seall Cunntas-sluaigh 2021 gu bheil àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig air a dhol air ais chun na h-aon ìre agus bha i ann an cunntas-sluaigh 2001.

4.3.4 Sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2012 – 2017 chìtear fhathast amas a’ chiad Phlana gun seas a’ Ghàidhlig “mar chànan brìoghmhor is neartmhor agus i air a cleachdadh barrachd agus i a’ faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan”. Tha an teachdaireachd, ‘Fàs is Feabhas’ a’ togail air na trì prìomh amasan sa Phlana:

- Stad a chur air a’ chrìonadh san àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba le bhith meudachadh na h-àireimh a tha togail a’ chànan;
- Na suidheachaidhean sam bithear a’ cleachdadh Gàidhlig a mheudachadh, a rèir prìomh phrionnsapal Achd na Gàidhlig gum bithear a’ sealltainn an aon spèis don Ghàidhlig agus a thathar a’ sealltainn don Bheurla; agus
- Luchd-labhairt na Gàidhlig, luchd-ionnsachaidh agus fileantaich a chuideachadh gus am bi barrachd comais is misneachd aca gu a cleachdadh, agus sin a’ dèanamh cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig fhathast na cànan brìoghmhor is neartmhor.

4.3.5 Tha am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a’ cur ri Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba sna dòighean a leanas:

RAON LEASACHAIDH	ÀIREAMH NAM BUIL NÀISEANTA	MÌNEACHADH AIR A’ BHUIL NÀISEANTA
<b>Dachaigh/Foghlam is Ionnsachadh</b>	5	Bho thoiseach am beatha, tha na cothroman as fheàrr aig ar cuid chloinne agus iad deiseil gu soirbheachadh
	4	Tha misneachd aig ar cuid



		òigridh, tha iad ag ionnsachadh le èifeachd, tha iad nan saoranaich chùramach agus a' cur ri cùisean gu buadhach.
	3	Tha foghlam is sgilean nas fheàrr againn, tha sinn nas soirbheachaile, agus ainmeil airson ar cuid rannsachaidh is innleachd
<b>A' Choimhearsnachd/An t-Àite-obrach</b>	11	Tha coimhearsnachdan làidir, seasmhach is taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail cùram mu dè nì iad agus dè bhuidh a dh'fhaodadh sin a thoirt air càch
	2	Tha ar n-eaconamaidh air àirde a ruighinn le barrachd cothroman obrach agus cothroman obrach nas fheàrr do ar sluagh
<b>Na h-Ealain, na Meadhanan agus Dualchas</b>	13	Tha sinn moiteil à aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhalach
<b>Am Plana air fad</b>	15	Tha sàr sheirbheisean poblach againn, a tha gan sìor leasachadh, agus a tha èifeachdach agus mothachail air feumalachdan dhaoine aig an ìre ionadail

## 5 Earra-Ghàidheal is Bòd

- 5.1 Bha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid am measg a' chiad sia ùghdarrasan poblach ann an Alba a fhuair fios reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig gus Plana Gàidhlig ullachadh. Fhuair am Plana againn aonta san Ògmhios 2008; agus tha earrainn 7 den Achd a' mìneachadh mar a dh'fheumar am Plana Gàidhlig ath-sgrùdadh taobh a-staigh 5 bliadhna bho chaidh am Plana aontachadh.
- 5.2 Sa chiad Phlana Gàidhlig aig a' Chomhairle bha grunn ghnìomhan air am moladh a bha stèidhichte air àrd-amasan agus bha e na dhùbhlain dhuinn gach gnìomh sin a chur an sàs gu h-iomlan. Tha an dàrna Plana seo ag iarraidh togail air an obair a rinn a' Chomhairle ann a bhith cur an gnìomh a' chiad Phlana agus tha sinn air tòrr ionnsachadh bho na dùbhlain a dh'èirich bhon chiad Phlana. Tha sinn cuideachd air prìomhachasan is raointean ùra a chomharrachadh airson an leasachadh.

- 5.3 Tha dàrna Plana na Comhairle a' cumail gu dlùth ri agus a' cuideachadh le bhith coileanadh targaidean a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2012 – 2017.

## 6 Raointean

Seach gu bheil ar Plana a' cumail gu dlùth ri Plana Nàiseanta Bhòrd na Gàidhlig, tha sinn air cudrom a chur air na raointean a leanas.

### 6.1 Gàidhlig san Dachaigh

Cumaidh a' Chomhairle oirre a' cur air adhart cho cudromach agus a tha Gàidhlig san dachaigh agus ann am beatha theaghlaichean, agus sinn a' brosnachadh dhaoine òga agus inbhich gu bhith toirt piseach air na sgilean Gàidhlig aca. Bidh cothrom aig luchd-obrach na Comhairle, inbhich a tha ag ionnsachadh agus pàrantan le clann ann am Foghlam tron Ghàidhlig air clasaichean Gàidhlig.

### 6.2 Gàidhlig sa Choimhearsnachd

Nì a' Chomhairle meudachadh air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean foirmeil agus neo-fhoirmeil do dh'fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh. Thèid cùrsaichean cànain a chur air dòigh air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an co-bhuinn ri Ionad Chaluim Chille Ìle. Cumaidh a' Chomhairle oirre ag obair le buidhnean ionadail is nàiseanta gus Gàidhlig a chur air adhart agus gus na cothroman a th' ann do ar coimhearsnachdan an cànain a chleachdadh a chur am meud.

### 6.3 Gàidhlig ann am Foghlam

Tha a' Chomhairle, mar bhuidhinn a tha toirt seachad Foghlam tron Ghàidhlig ann an 6 sgìrean ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, ag aithneachadh gu bheil dleastanas oirnn foghlam fìor mhath a thoirt do na sgoilearan Gàidhlig sna bun-sgoiltean, sna h-aonadan ro-sgoile agus sna h-àrd-sgoiltean. Nì sinn ar dìcheall feuch am bi Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLPS) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (GLE) rim faotainn anns gach sgìre. Tha sinn cuideachd a' tuigsinn an t-àite cudromach a th' aig a' Chomhairle ann a bhith dealbh phoileasaidhean nàiseanta a thaobh iomairtean is poileasaidhean foghlaim. Cuideachd, tha a' Chomhairle an dùil mion-sgrùdadh a dhèanamh air an àireamh sgoilearan FtG a th' ann an coimeas ri meud nan coimhearsnachdan sa bheil iad a' fuireach.

### 6.4 Gàidhlig san Àite-Obrach

Cumaidh a' Chomhairle oirre a' beachdachadh air dòighean gus cothrom a thoirt air a' Ghàidhlig a chleachdadh nar diofar sheirbheisean agus sinn ag amas air Gàidhlig a bhith fìchte air feadh obair na buidhne. Bidh a' Chomhairle a' brosnachadh ar luchd-compàirt gu bhith cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig agus gu bhith a' togail inbhe na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Cuiridh sinn air dòigh barrachd ghoireasan do luchd-obrach leis am faod iad piseach a thoirt air na sgilean Gàidhlig aca agus an

tuigse a th' aca air a' chànan. Nì sinn sgrùdadh air sgilean Gàidhlig ar luchd-obrach feuch am faic sinn cò an luchd-obrach aig a bheil sgilean labhairt, leughaidh is sgrìobhaidh sa chànan. Gheibh comhairlichean agus luchd-obrach cothrom Gàidhlig ionnsachadh ma tha iad ga iarraidh.

## **6.5 Gàidhlig Agus Na H-Ealain, Dualchas, Na Meadhanan Agus Turasachd**

Bidh ceanglaichean aig a' Chomhairle fhathast ris a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus mòdan ionadail agus sinn ag iarraidh gun cleachd an uiread de dhaoine as urrainnear a' Ghàidhlig aig na tachartasan sin. Tha e na amas don Chomhairle an àireamh de thachartasan a gheibh taic a mheudachadh far a bheil cothrom aig daoine Gàidhlig a chleachdadh. Tro na tachartasan seo, tha a' Chomhairle ag iarraidh gum faigh sinn mìneachadh mionaideach air na buannachdan eaconamach a gheibhear le bhith cumail thachartasan Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

## **6.6 Gàidhlig an Lùib Leasachaidhean Eaconamach**

Cumaidh a' Chomhairle oirre a' comharrachadh agus a' beachdachadh air cothroman a dh'fhaodadh èirigh gus cur ris an eaconamaidh tro bhith cumail tachartasan Gàidhlig, me thèid am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann an Earra-Ghàidheal is Bòd gach 3/4 bliadhna. Thèid beachdachadh cuideachd air na cothroman a th' ann airson buannachdan eaconamach bho thurasachd chultarach.

## **6.7 Corpas a' Chànain**

Cumaidh a' Chomhairle ris na prionnsapalan agus an stiùireadh bhon dreachd as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig nuair a tha i ri leasachaidhean sam bith a thaobh gnàthachas litreachaidh, briathrachas no ainmean-àite. Nithear sin ann an co-bhuinn ri Ainmean-àite na h-Alba.

## **7 Cur An Gnìomh A' Phlana**

- 7.1 Mar phàirt den t-seirbheis Leasachaidh is HR, bidh an sgioba airson Feabhas is Leasachadh na Buidhne (FLB) a' stiùireadh cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig le taic bho phrìomh oifigearan bho air feadh na Comhairle, agus nuair as urrainnear le taic bho bhuidhnean com-pàirt bhon taobh a-muigh.
- 7.2 Bheir prìomh oifigearan aithisgean air adhartas gu cunbhalach don sgioba airson Feabhas is Leasachadh na Buidhne agus don Phrìomh Chomhairliche Poileasaidh airson Coimhearsnachdan, Cultar, Luchd-cleachdaidh is Conaltradh.
- 7.3 Cumaidh a' Chomhairle oirre a' cur ghoireasan is stòras an sàs mu choinneamh foghlam, cànan is cultar na Gàidhlig; agus nì sinn eagrachadh às ùr air prìomhachasan is goireasan mu choinneamh leasachaidhean ùra, ged a tha sinn a' gabhail ris gur e àm duilich a th' ann a thaobh an eaconamaidh

agus seirbheisean poblach, agus mar sin feuchaidh sin ri nas urrainn dhuinn a dhèanamh leis an stòras agus na goireasan a th' againn.

- 7.4 Cumaidh a' Chomhairle oirre a' beachdachadh air cothrom sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann airson maoinachadh bhon taobh a-muigh no maoinachadh com-pàirteach. Tha a' Chomhairle a' tuigsinn cho deatamach 's a tha e gum bi deagh chàirdeas obrach eadar sinne agus buidhnean eile ann an Earra-Ghàidheal is Bòd a tha libhrigeadh sheirbheisean is gnìomhachdan tron Ghàidhlig ma tha leudachadh a' dol a thighinn air a' Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Mar thoradh air sin, thèid am Plana againn a chur an gnìomh, agus bidh barrachd chothroman ann Gàidhlig a chleachdadh.

## **8 Ath-Sgrùdadh Is Cumail Sùil Air A' Phlana**

- 8.1 Mar sgrìobhainn ro-innleachdail corporra, thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh agus sùil a chumail air a' Phlana Ghàidhlig chun na h-aon ìre agus a thathar a' dèanamh le Plana Corporra na Comhairle agus ar planaichean seirbheis tro chairt-mheasaidh.
- 8.2 Cuiridh prìomh oifigearan aithisgean coileanaidh a-steach gu prìomh neach-labhairt na Gàidhlig gach ràith.
- 8.3 Tha e cudromach cuimhneachadh gun gabh am Plana atharrachadh agus gu bheil e sùbailte a rèir nam prìomhachasan a stèidhicheas a' Chomhairle, gu sònraichte nuair a dh'atharraicheas cùisean.

## **9 Sanasachd air a' Phlana**

- 9.1 Thèid sanasachd a dhèanamh air a' phlana do luchd-obrach agus comhairlichean le bhith a' cleachdadh an làraich-lìn, an 'Hub' a tha na ghoireas eadra-lìn do luchd-obrach, Cascade agus cuairt-litrichean.
- 9.2 Taobh a-muigh na buidhne, thèid sanasachd a dhèanamh air a' phlana tron làrach-lìn, le bhith cleachdadh nam meadhanan sòisealta, leithid Facebook, Twitter agus 'Furan', Ionad Gàidhlig an Òbain.
- 9.3 Thèid fòram Gàidhlig a stèidheachadh agus bidh sin na phrìomh ghoireas gus am plana a shanasachd am measg luchd com-pàirt ann am planadh coimhearsnachd, buidhnean Gàidhlig agus daoine le Gàidhlig a tha ag obair air feadh agus taobh a-muigh Earra-Ghàidheal is Bhòid.

## **10 Uallaichean airson a' Phlana**

- 10.1 Tha an t-uallach iomlan airson a' phlana aig an Àrd-oifigear agus am Prìomh Oifigear Poileasaidh airson Coimhearsnachdan, Cultar is Taigheadas.
- 10.2 'S e am prìomh oifigear le uallach obrachaidh iomlan gus faire a chumail air ullachadh, lìbhrigeadh is sgrùdadh a' phlana an Ceannard Feabhais is HR.
- 10.3 Ma tha ceist agaibh mu mar a thèid am Plana a chur an gnìomh gu làitheil, bu chòir dhuibh fios a chur gu [gaelic@argyll-bute.gov.uk](mailto:gaelic@argyll-bute.gov.uk) agus thèid a cho-òrdanachadh leis an Sgioba airson Feabhais is Leasachaidhean Buidhne.

## 11 Am Plana Gnìomh

	A' Bhuil	Tomhasan Soirbheachaidh	Targaid/Clàr-ama	Ga Stiùireadh
<b>Iom.</b>				
GP1	Bidh Gàidhlig ri cluinntinn is ri a faicinn nar coimhearsnachdan	2 sheisean, far am faigh daoine fios mun Ghàidhlig, air a libhrigeadh le daoine ionadail ann an àiteachan a thèid a chomharrachadh	4 àiteachan gach bliadhna 50 a' gabhail pàirt ann gach bliadhna	Am Manaidsear airson Ionnsachadh do dh'Inbhich
		An àireamh de bhuidhnean a chleachdas Ionad Gàidhlig an Òbain	10 buidhnean (leis a' bhliadhna 2015)	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
		Nuair a dh'fheumar soidhnichean ùrachadh a-staigh is a-muigh, bidh na soidhnichean ùra dà-chànanach	100% rè ùine a' Phlana ma dh'fheumar soidhnichean ùrachadh	Manaidsear Seilbh
		Barrachd stuthan Gàidhlig rim faotainn tro sheirbheis nan leabharlann	Targaid ri dhearbhadh fhathast aon uair 's gu bheil fios againn air dè th' ann an-dràsta - 2015	Manaidsear Obair nan Leabharlann
		Bidh barrachd stuthan Gàidhlig air an làrach-lìn agus san stuth ioma-mheadhanach againn	Mar a tha na diofar mheadhanan a' dol beò – bidh co-dhiù 10 às a' cheud den stuth ann an Gàidhlig	Sgioba Leasachaidh is HR

	A' Bhuil	Tomhasan Soirbheachaidh	Targaid/Clàr-ama	Ga Stiùireadh
		Barrachd stuthan clò-bhuailte ann an Gàidhlig	Dèan bun-thomhas feuch cia mheud sgrìobhainn dà-chànanach a th' ann ro dheireadh 2014	
		Modhan-obrach foirmeil stèidhichte airson eadar-theangachadh is eadar-theangachadh mar aon	2015	
		Cruthaich poileasaidh coitcheann airson soidhnichean dà-chànanach	2015	
		Brathan-naidheachd ann an Gàidhlig gach mìos	Na dhà dhiubh gach mìos sa chumantas leis a' bhliadhna 2015	An Sgioba Conaltraidh/Eadar-theangair
GP2	Bidh cothroman fìor mhath aig daoine gus Gàidhlig a chleachdadh, ma roghnaicheas iad, ann an grunn iomairtean coimhearsnachd	Leasaich am frèam airson sgrùdadh air mar a chuireas ar luchd-compàirt gnìomhachdan an sàs	Modhan gus beachdan a thrusadh aontaichte ann an 2015	Manaidsear Phrògraman FLB
		Bidh fòram Gàidhlig a' coinneachadh dà thuras sa bhliadhna	2014	Manaidsear Phrògraman FLB
		Thoir coimisean airson rannsachadh a chomharraicheas na gnìomhachdan Gàidhlig a tha gan cur an sàs an-dràsta	Aithisg foillsichte ann an 2014	Manaidsear Phrògraman FLB

	A' Bhuil	Tomhasan Soirbheachaidh	Targaid/Clàr-ama	Ga Stiùireadh
		Dèan measadh air a' bhuidh a th' aig iomairtean coimhearsnachd	Bun-sgrùdadh dèanta ann an 2014 Gach bliadhna bho 2015 (mion-sgrùdadh air a' bhuidh aca air coimhearsnachdan ionadail)	Manaidsear Phrògraman FLB
		Barrachd chom-pàirteachasan Gàidhlig gu h-ionadail	Àrdachadh gu 9 leis a' bhliadhna 2016 (bun-àireamh = 7)	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
GP3	Cothrom aig daoine air cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh	An àireamh de dh'oileanaich a tha frithealadh chlasaichean/chùrsaichean Gàidhlig	400 - 2013 (bun-àireamh = 358)	Manaidsear Phrògraman FLB (Colaiste Earra-Ghàidheal, ICCI)
		Tabhainn ionadan na Comhairle an asgaidh airson mòdan ionadail	Cuir an sàs bho 2014	Am Manaidsear Chur-seachadan
		Taic-airgid a' leantainn airson com-pàirteachasan Gàidhlig ionadail	Gach bliadhna às dèidh dhuinn aithisgean adhartais fhaighinn	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
		A' sanasachd cothroman ionnsachaidh Gàidhlig am measg luchd-ionnsachaidh san fharsaingeachd ann an co-bhuinn ri Bòrd na Gàidhlig	Ag obair le CLD, a' cur sanasan air an làrach-lìn; a' sgaoileadh bhileagan-fiosrachaidh 2014	Am Manaidsear airson Ionnsachadh do dh'Inbhich
GP4	Bidh Bòrd na Gàidhlig mar phàirt de Chom-pàirteachas Planaidh Choimhearsnachdan Earra-Ghàidheal is Bhòid	Gheibh Bòrd na Gàidhlig cuireadh a bhith nam ball de CPC Earra-Ghàidheal is Bhòid	2014	An Ceannard Feabhais is HR



	<b>A' Bhuil</b>	<b>Tomhasan Soirbheachaidh</b>	<b>Targaid/Clàr-ama</b>	<b>Ga Stiùireadh</b>
GP5	A' cumail oirnn a' leasachadh ghnìomhachdan Gàidhlig do theaghlachan le clann aois 0-3	Am Bookbug Gàidhlig is gnìomhachdan eile do phàrantan is pàistean, air an cur an sàs ann an sgìrean le Foghlam tron Ghàidhlig (FtG)	A h-uile sgìre le FtG agus còig sgìrean eile (bun-àireamh = 6)	Oifigear Leasachaidh nan Tràth-bhliadhnaichean
		Dèan sanasachd air na buannachdan a gheibhear bho dhà-chànanas agus Foghlam Gàidhlig ann an com-pàirt ri Comann nam Pàrant/Bòrd na Gàidhlig is coimhearsnachdan ionadail	A h-uile sgìre le FtG agus dà sgìre eile (bun-àireamh = 6)	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
		Dèan leudachadh air an Sgeama Chomhairleachaidh Phàrant còmhla ri Comann nam Pàrant	A h-uile sgìre le FtG (bun-àireamh = 6)	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
GP6	A' toirt seachad ionnsachadh fìor mhath do dh'òigridh aois 3-18 a tha ann am Foghlam Gàidhlig	Meudachadh air an àireamh de raointean sa churraicealam tha air an lìbhrigeadh tron Ghàidhlig san àrd-sgoil	4 leis a' bhliadhna 2017	Am Manaidsear Leasachaidh Càileachd – Àrd-sgoiltean
		Cothrom air teisteanasan ùra tron Ghàidhlig	3 leis a' bhliadhna 2017	Manaidsear nan Inbhean Càileachd
		An àireamh sgoiltean a tha tabhann Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil (GLPS)	Àrdachadh de 5 gach bliadhna	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
		A' toirt cothroman do gach neach-obrach bho Fhoghlam Gàidhlig air Leasachadh Dreuchdail Leantainneach	2 chùrsa sa bhliadhna	An Co-òrdanaiche airson Leasachadh Dreuchdail Leantainneach ann am Foghlam

	<b>A' Bhuil</b>	<b>Tomhasan Soirbheachaidh</b>	<b>Targaid/Clàr-ama</b>	<b>Ga Stiùireadh</b>
		Ro-innleachd air a stèidheachadh gus an àireamh de luchd-teagaisg, a tha uidheamaichte gus FtG is GLPS a libhrigeadh, a mheudachadh	Ro-innleachd air a stèidheachadh ron a' bhliadhna 2016	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
		Thèid poileasaidhean ionadail is nàiseanta ath-sgrùdadh agus a chur an gnìomh	Co-chomhairle a' leantainn	Oifigear-taice Foghlaim - Gàidhlig
GP7	Dèan cinnteach gu bheil na cothroman air Foghlam Fad-beatha a' frithealadh air feuman nan coimhearsnachdan	Teaghlachan, le clann ann am FtG, a' faighinn cothrom air gnìomhachdan taobh a-muigh na sgoile far am bi iad ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig	1 tachartas gach teirm anns gach sgìre	Oifigear-taice Foghlaim – Gàidhlig (ann an co-bhuinn ri buidhnean Gàidhlig nàiseanta)
		Daoine òga le Gàidhlig a' coinneachadh ri daoine bhon choimhearsnachd le Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean	10 cothroman anns gach sgìre leis a' bhliadhna 2017	Oifigear-taice Foghlaim – Gàidhlig (ann an co-bhuinn ri buidhnean Gàidhlig nàiseanta)
GP8	Cùm suas com-pàirteachasan is lionraidhean seasmhach a nì cinnteach gum faigh clann farsaingeachd is doimhneachd de dh'èòlas nan cuid foghlaim	Cothrom air luchd-taice sònraichte airson sgoiltean tro chom-pàirteachas agus iomairtean nàiseanta	2014	Am Prìomh Eòlaiche-inntinn Foghlaim

	<b>A' Bhuil</b>	<b>Tomhasan Soirbheachaidh</b>	<b>Targaid/Clàr-ama</b>	<b>Ga Stiùireadh</b>
GP9	Fios aig daoine cho cudromach 's a tha Gàidhlig san dachaigh	Fìor dheagh shanasachd, mhargaideachd agus stuthan sgrìobhte a dh'innseas do dhaoine mu na buannachdan a gheibhear bho dhachaigh a tha dà-chànanach	A h-uile sgìre le FtG leis a' bhliadhna 2015	Feabhas is HR
GP10	Cothrom aig daoine Gàidhlig a chleachdadh ann an dòigh nàdarra san dachaigh agus seo a' faighinn taic bho na prìomh bhuidhnean com-pàirt againn	A' toirt stuthan, goireasan agus sgilean cànan do theaghlaichean feuch an urrainn dhaibh saoghal Gàidhlig a chruthachadh nan dachaighean	A h-uile sgìre le FtG leis a' bhliadhna 2015	Oifigear-taice Foghlaim – Gàidhlig/ Am Manaidsear airson Ionnsachadh do dh'Inbich
GP11	Tha Gàidhlig ri a cluinntinn agus ri a faicinn san àite-obrach agus ann an obair na Comhairle	Meudaich an àireamh de dh'obraichean bàna aig a' Chomhairle far a bheil Gàidhlig na buannachd	100% leis a' bhliadhna 2015	Gach Ceannard Seirbheis
		Bidh sanasan dà-chànanach ann airson dreuchdan bàna aig a' Chomhairle far a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd	100% leis a' bhliadhna 2015	
		Barrachd susbaint Ghàidhlig air 'An Hub' agus an làrach-lìn	2 gach ràith leis a' bhliadhna 2015	Feabhas is HR
		A' sanasachd naidheachdan matha ann an agus mu dheidhinn na Gàidhlig	A' leantainn – sgeulachdan naidheachd rim faotainn air làrach-lìn na Comhairle, 'An Hub', Cascade, Bùird-fiosrachaidh	Gach Ceannard Seirbheis

	<b>A' Bhuil</b>	<b>Tomhasan Soirbheachaidh</b>	<b>Targaid/Clàr-ama</b>	<b>Ga Stiùireadh</b>
		Bithear a' brosnachadh luchd-obrach a bhith gabhail com-pàirt sa Phlana Ghàidhlig	A' leantainn – làrach-lìn na Comhairle, 'An Hub', Cascade	
		Ma gheibhear litrichean no puist-d ann an Gàidhlig, thèid am freagairt ann an Gàidhlig	100%	
		Ma gheibhear gearan ann an Gàidhlig, thèid a fhreagairt ann an Gàidhlig a rèir clàr-ama	100%	
		Bidh e na nì àbhaisteach gun cuir luchd-fàilteachais na Comhairle fàilte air daoine san dà chànan	2015	
GP12	Cothrom aig luchd-obrach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh agus bheir seo taic do dhaoine ann a bhith cleachdadh Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean, san àite-obrach agus sa choimhearsnachd	Dèan measadh air sgilean cànan an luchd-obrach	Thèid am measadh ann an 2014 Thèid na toraidhean fhoillseachadh ann an 2015	Manaidsear Phrògraman FLB
		Luchd-obrach na Comhairle is luchd-obrach ar luchd-compàirt ann am Planadh Coimhearsnachd a' faighinn cothrom air clasaichean cànan	50 neach-obrach ùr leis a' bhliadhna 2014	Manaidsear Phrògraman FLB
		An àireamh de luchd-obrach a' cleachdadh an 'Toolkit' Gàidhlig	100 gach bliadhna	Feabhas is HR
		A' fosgladh choinneamhan nan comataidhean le fàilte sa Ghàidhlig	Thèid gach coinneamh den làn Chomhairle fhosgladh le fàilte sa Ghàidhlig ann an 2014	Pròbhaist na Comhairle

	<b>A' Bhuil</b>	<b>Tomhasan Soirbheachaidh</b>	<b>Targaid/Clàr-ama</b>	<b>Ga Stiùireadh</b>
		Clàradh Gàidhlig mar phàirt de na brathan fèin-labhairteach a chluinneas daoine nuair a dh'fhònas iad a' Chomhairle	Fàilte dhà-chànanach ri cluinntinn air an t-siostam-fòn 2014	Manaidsear Ionad Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh
		Barrachd susbaint Ghàidhlig ri faicinn air na sgrìonaichean plasma aig ionadan seirbheis	Faclan fàilteachaidh, ceann-latha a' nochdadh san dà chànan leis a' bhliadhna 2014	Manaidsear Ionad Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh
